

# BANNAN

Prògraman 1 - 3



Le cead bho Young Films

# BANNAN:

## Ro-ràdh

Thathar an dòchas gum bi an t-aonad feumail agus inntinneach dhuibh oir ...



**Bidh an t-aonad seo cudromach ann a bhith a' leasachadh ur sgilean sgrùdaidh.**

'S e litreachas a th' ann an dràma telebhisean - a cheart cho math ri sgeulachd ghoirid, nobhail no bàrdachd. 'S e sgrùdadh litreachais aon de na sgilean as cudromaiche a tha an cois cùrsaichean Gàidhlig Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus cuiridh an t-aonad gu mòr ris na comasan a th' agad seo a dhèanamh.



**Chì sibh gu bheil mòran chothroman aig daoine òga aig a bheil Gàidhlig anns na meadhanan.**

Tha mòran dhaoine an sàs ann a bhith a' cruthachadh Bannan: luchd-sgrìobhaidh, luchd-stiùiridh, luchd-camara, luchd-ciùil, cleasaichean agus luchd-gearraidh. Tha na meadhanan Gàidhlig a' sireadh dhaoine òga aig a bheil Gàidhlig agus aig a bheil ùidh anns na h-obraichean seo.



**Bidh na chì sibh air Bannan a' toirt bheachdan dhuibh air mar a nì sibh fhèin filmichean soirbheachail.**

Tha cothroman iongantach aig Gàidheil òga filmichean a chruthachadh dhaibh fhèin - gu h-àraid tron cho-fharpais bhliadhnail FilmG. Gheibh sibh tuigse nas fheàrr air mar a nì sibh fhèin film soirbheachail tro bhith a' beachdachadh air mar a chaidh Bannan a chruthachadh.



**'S e prògram air leth soirbheachail agus tarraingeach a th'ann am Bannan.**

Chì sibh a' chiad trì prògraman de Bhannan. Bha na prògraman seo cho soirbheachail 's gun deach mòran a bharrachd dhiubh a dhèanamh. Tha luchd-amhairc eadar-nàiseanta a-nise ga choimhead.

# BANNAN:


## Prògram 1 - Sgrùdadh

### Stiùireadh

1. Coimhead air a' phrògram shlàn mus freagair thu na ceistean a tha an cois a' phrògram seo.
2. Coimhead air na seallaidhean fableth den phrògram a-rithist (mar a chì sibh air na duilleagan a leanas) mus tòisich thu air na ceistean a fhreagairt.
3. Tha an obair a tha an cois a' phrògram seo mionaideach gus an cuir sibh fìor eòlas air plot, caractaran agus suidheachadh Bhannan. Bidh agad ri beachdachadh air:
  - suidheachadh agus tòn
  - sgrìobt
  - plot
  - structar
  - caractaran agus cleasachd
  - taghadh-facail
  - obair-camara
  - ceòl agus òrain
  - cuspair agus teachdaireachd
  - mar a b' urrainn dhut sgilean a thogail bhon dràma gus do chuideachadh ann a bhith a'dèanamh film, 's dòcha airson FilmG
  - agus iomadh rud eile a tha cudromach ann an dràma/film sam bith.
4. Freagair na ceistean a leanas le bhith a' gabhail notaichean agus, an uair sin, le bhith a' còmhradh ann am buidhnean no mar chlas. Cleachd fianais às a' phrògram (na chì thu agus na chluinneas tu) agus às an sgrìobt (na leughas tu) gus taic a thoirt dha do bheachdan.

## Sealladh 1:

0:00 - 0:05 mionaidean



### Structar/Tòna/Scriobt

Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad:

- Beachdaich air carson a thòisich am prògram mar seo.
- Dè na dòighean anns a bheil an scriobt gar cuideachadh gus a bhith a' tuigsinn toiseach a' phrògram?

## Seallaidhean 2 - 3:

0:05 - 0:55 mionaidean



### Caractaran

Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad:

- Inns cò na caractaran a chì sinn san t-sealladh seo.

### Camara/Taghadh-facail/Beachdachadh

- Ciamar a tha fios againn gu bheil cuideigin eile san rùm (a bharrachd air a' bhoireannach, an dotair agus an leanabh)?
  - Saoil carson nach eil sinn a' faicinn an neach seo?

### Structar

Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad:

- Dè an seòrsa sealladh a tha seo agus carson a tha e aig fìor thoiseach a' phrògram mus faicear an tiotal?

### Scriobt/Cleasachd/Ceòl/FilmG

Leugh Sealladh 3.

- Is dòcha gum bi cuid agaibh ag amas air scriobt a sgrìobhadh airson FilmG na bliadhna sa. Ainmich cuid de na rudan a tha sinn ag ionnsachadh mu bhith a' cur scriobt ri chèile bhon t-sealladh seo.
- Tha an scriobt gu math fosgailte – chan eil stiùireadh mionaideach ga thoirt seachad. Carson a tha thu a' smaoinichadh nach tug an sgrìobhadair barrachd fiosrachaidh dhan stiùiriche?
- Beachdaich air an ìre chun an robh an stiùiriche agus na cleasaichean soirbheachail ann a bhith a' toirt an scriobt beò anns an t-sealladh seo. Thoir eisimpleirean seachad ann a bhith a' toirt seachad do bheachd.

## Seallaidhean 4 - 5:

0:55 - 2:55 mionaidean



### Caractar/Plot/Suidheachadh

- a. Inns dè an suidheachadh sa bheil Màiri.

### Caractar / Plot / Camara / Sgrìopt / Taghadh-facail

- b. Ciamar a tha fios againn gu bheil Màiri mì-chofhurteil nuair a tha i a' ruighinn an eilein? Cleachd fianais airson taic a thoirt dha do bheachd.

### Caractar/Plot/Camara

- c. Dè tha a' sealltainn dhuinn gu bheil Màiri air a bhith soirbheachail on a dh'fhàg i an sgoil?

### Caractar/Plot/Taghadh-facail

- d. Ciamar a tha fios againn nach eil Màiri idir faisg air a càirdean?

### Caractar/Sgrìopt

- e. Leugh an sgrìopt airson Sealladh 5. Seall, le fianais, mar a tha caractar Iain air a leasachadh ann.

### Camara/FilmG

- f. Tha sinn a' faicinn Màiri is i a' dràibheadh far a' bhàta agus a' tachairt ri Iain. Cia mheud pìos camara a tha eadar 1:28 - 2:55?
- g. Dè tha seo a' nochdadh dhuinn mu bhith a' dèanamh film?

## Sealladh 6:

2:55 - 3:59 mionaidean

## Sealladh 7:

3:50 - 4:22 mionaidean



### Camara/Suidheachadh

- a. Cò ris a tha an sgìre anns an do dh'fhàs Màiri suas coltach?

### Tòna

- b. Inns mar a tha tòna air a chruthachadh an seo.

### Caractaran/Beachdachadh/Taghadh-facail

- c. Dè cho soirbheachail 's a tha teaghlach Iain a rèir choltais? Inns carson a tha fios agad air seo.

### Caractaran/Camara/Beachdachadh

- d. Saoil dè am beachd a th' aig Màiri air Tormod? Carson a tha thu a' smaoinichadh seo?

### Taghadh-facail/Structar

- a. Ochd bliadhna: Carson, nad bheachd-sa, a tha na facail seo leotha fhèin?

### Camara/FilmG

- b. Cia mheud pìos camara a tha anns an t-sealladh seo? Ainmich iad.
- c. Dè tha seo a' nochdadh dhuinn mu bhith a' dèanamh film?

### Scriobt

- d. Dè am fiosrachadh cudromach a tha an scriobt a' toirt dhuinn – fiosrachadh ('s dòcha) nach do thog sinn nuair a chòimhead sinn an sealladh seo?

## Sealladh 8:

4:22 - 5:48 mionaidean

## Sealladh 9:

5:48 - 8:14 mionaidean



### Caractaran/Scriobt/Camara/Taghadh-facail

- a. Ciamar a tha fios againn nach eil Donna agus Fionnlagh toilichte Màiri fhaicinn?

### Caractaran/Beachdachadh

- b. Le bhith a' smaoinichadh air a' phrògram air fad, saoil carson a thug Màiri an t-ainm Anna air a leanabh?

### Caractar/Scriobt

- c. Thoir do bheachd air a' chàirdeas a tha eadar Peigi agus Màiri. Cleachd fianais no eisimpleirean nuair a tha thu a' toirt seachad do a' bheachd.
- d. Nad bheachd-sa, dè an ceangal a tha eadar Peigi, Donna, Fionnlagh, Iain agus Màiri (agus Tormod is Anna (màthair Màiri)? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

### Caractar

- a. Inns mu obair Màiri.

### Caractar/Plot/Taghadh-facail/Beachdachadh

- b. Bha an dotair ceart. Cha robh dòigh às agam ach falbh.

Dè tha na facail seo ag innse dhuinn mu shuidheachadh Màiri o chionn ochd bliadhna?

### Caractar/Plot/Taghadh-facail

- c. Le bhith a' smaoinichadh air a' phrògram air fad, saoil dè an t-amas a tha aig Donna le bhith ag iarraidh air an estate agent tighinn?

### Caractar/Plot/Taghadh-facail/Camara/Scriobt

- d. Dè na dòighean sa bheil e soilleir gu bheil gràin aig Donna air Màiri?

## Sealladh 10:

8:14 - 9:08 mionaidean

## Sealladh 11:

9:08 - 9:35 mionaidean



### Suidheachadh/Beachdachadh

- a. Nad bheachd-sa, dè am baile anns a bheil Alasdair (leannan Màiri) agus Màiri a' fuireach? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

### Caractar/Suidheachadh/Camara/Taghadh-facail

- b. Inns dè an suidheachadh sa bheil Alasdair.

### Caractaran/Taghadh-facail/Beachdachadh/Scriobt

- a. A rèir Peigi, dè na dòighean sa bheil Màiri air atharrachadh? Cleachd fianais nad fhreagairt.

### Caractaran/Plot/Taghadh-facail

- b. Dè tha a' tachairt anns a' chàirdeas eadar Màiri agus Peigi anns an t-sealladh seo?

### Scriobt

- c. Dè am fiosrachadh a tha an scriobt a' toirt dhuinn a thaobh na tha an intinn Màiri?

## Sealladh 12:

9:36 - 10:16 mionaidean

## Seallaidhean 12A & 12B:

10:17 - 11:05 mionaidean



### Camara/Character/Plot/Scriobt

- a. Le bhith a' coimhead air toiseach an t-seallaidh seo (gu 9:43) agus le bhith ga leughadh anns an scriobt, seall mar a chuir stiùiriche Bhannan ris na sgrìobh an sgrìobhadair anns an scriobt.
- b. Le bhith a' beachdachadh air a' phrògram air fad, saoil carson a chuir an stiùiriche ris an t-sealladh seo?

### Characteran/Beachdachadh

- a. Dè cho fallain 's a tha an càirdeas eadar Màiri agus Alasdair? Inns, le fianais, carson a tha thu den bheachd seo.

## Sealladh 13:

11:05 - 12:03 mionaidean

## Sealladh 15:

12:38 - 14:14 mionaidean



### Caractaran/Cleasachd/Taghadh-facail

- a. Dè na dòighean anns a bheil e soilleir gu bheil e eagalach duilich do Mhàiri agus do Thormod (athair Màiri) nuair a tha iad a' tachairt air a chèile?

### Suidheachadh/Camara

- b. Inns mar a tha an obair-camara a' cur ris a' choinneachadh seo.

### Caractaran/Taghadh-facail

- a. Dè tha sinn a' faighinn a-mach mu na ceanglaichean a bha eadar Màiri agus a màthair is a h-athair?
- b. Dè na dòighean sa bheil beachdan Màiri agus Peigi eadar-dhealaichte a thaobh Thormoid (athair Màiri)?

### Caractaran/Beachdachadh/Taghadh-facail

- c. Dè tha a' tachairt anns a' chàirdeas eadar Peigi agus Màiri nuair a tha iad a' bruidhinn mu fhalt Màiri?

## Sealladh 17:

14:33 - 15:35 mionaidean

## Sealladh 18:

15:35 - 16:07 mionaidean



### Camara/Ceòl

- a. Dè an obair chudromach a tha an camara a' dèanamh anns an t-sealladh seo?

### Scriobt

- b. Dè am fiosrachadh a bharrachd a tha an scriobt a' toirt dhuinn a thaobh nuair a tha Doneil agus Màiri a' coinneachadh aig an doras?

### Camara/Caractaran/Taghadh-facail

- c. Dè tha an sealladh seo ag innse dhuinn mun chàirdeas eadar an triùir (Màiri, an dotair agus am fear aig an doras)?

### Camara/Caractaran/Taghadh-facail

- a. Dè na dòighean anns am faic sinn nach eil a h-uile duine rèidh ri chèile?

### Scriobt/FilmG

- b. Dè tha an sealladh seo a' sealltainn dhuinn a thaobh nan diofar obraichean a th' aig sgrìobhadair agus stiùiriche?

## Sealladh 19:

16:07 - 16:44 mionaidean

## Sealladh 21:

16:56 - 18:08 mionaidean



### Cuspair

- Dè na bannan air an robh Coinneach a' bruidhinn san ùrnaigh?

### Teachdaireachd

- Dè an teachdaireachd a th' anns a' phàirt seo den dràma?

### Camara

- Beachdaich air obair a' chamara anns an t-sealladh seo.

### Caractaran

- (i) Ciamar a tha e soilleir dhuinn gun robh Màiri agus Donnell uaireigin faisg?

(ii) Ciamar a tha e follaiseach dhuinn gu bheil ùine mhòr ann on a chunnaic iad a chèile?

### Scriobt/FilmG

- Leugh a' chiad earrann den scriobt. Dè nach do chuir an stiùiriche dhan phrògram? Saoil carson nach deach seo a chur dhan phrògram?

### Camara/Structar/Plot/Beachdachadh

- Tha dà shuidheachadh fhada anns a' phìos seo anns nach eil ach beagan còmhraidh. Saoil carson a chuir an stiùiriche an dà shealladh anns an dràma seo?

## Seallaidhean 24 - 27:

18:09 - 20:35 mionaidean

## Sealladh 28:

20:35 - 21:30 mionaidean



### Ceòl is Òran

Cluinnidh mi do chagair air  
a' ghaoith,  
Ochd bliadhn' 's mi air fasgadh bhon  
a' stoirm,  
Gach oiteag mhara 'caoidh le deòir gun  
bhrigh  
'S mis' an seo a' feitheamh ris an stoirm.

Ciamar nach do thuig mi, ged a b' fhior?  
Na freumhan ris an do chuir mi cùl  
An iarmailt ghlas a' tabhann tuigse dhomh  
Na dàimhean, dàimhean.

- a. Beachdaich air mar a tha an t-òran agus an ceòl air an cur gu feum gus suidheachadh agus faireachdainnean Màiri a chur fa chomhair an neach-coimhid. Cleachd fianais às an òran nad fhreagairt.

### Caractaran/Camara/Taghadh-facail

- a. Seall mar a tha camara agus taghadh-facail a' sealltainn mar a tha beachd Màiri air an eilean ag atharrachadh.

## Sealladh 29:

21:31 - 23:14 mionaidean

## Sealladh 29A:

23:14 - 23:48 mionaidean



### Caractaran/Camara/Taghadh-facail/ Beachdachadh

a. (i) Dè na dòighean sa bheil an droch chàirdeas eadar Màiri agus a h-athair air a shealltainn dhuinn anns an t-sealladh seo?

(ii) Cò ris a tha truas agad: Màiri? no a h-athair? Inns carson.

### Caractaran/Camara/Beachdachadh

a. (i) Cò na sùilean tro bheil sinn a' faicinn mar a thachair nuair a rugadh Màiri? Ciamar a tha fios agad?

(ii) Ciamar a tha fios againn nach robh an caractar seo gu feum sam bith san t-suidheachadh sin?

(iii) Ciamar a tha fios againn gun robh rudeigin fada ceàrr air Màiri nuair a rugadh i?

## Seallaidhean 30-32:

23:55 - 25:41 mionaidean

## Seallaidhean 34 - 36:

25:41 - 28:52 mionaidean



### Caractaran/Plot/Beachdachadh/scriobt

- a. (i) Nad bheachd-sa, dè thachair do Pheigi agus carson?
- (ii) Saoil dè cho dona 's a ghoirtich Peigi i fhèin?

### Caractaran/Beachdachadh/Taghadh-facail

- a. Dè na dòighean anns an robh Peigi carach (gus am faigheadh i an rud a bha i fhèin ag iarraidh)?
- b. 'Cha leigeadh Anna leam falbh'.

Seall mar a dh'fhaodadh seo a bhith air a thuigsinn ann an dà dhòigh.

## Sealladh 37:

28:52 - 29:41 mionaidean

## Sealladh 38:

29:41 - 30:03 mionaidean



### Caractaran/Beachdachadh

- a. Nad bheachd-sa, carson a tha an sealladh seo anns an dràma?

### Caractaran/Beachdachadh/Camara

- a. Chunnaic sinn mu thràth gu bheil Peigi carach (gus am faigheadh i an rud a bha i fhèin ag iarraidh). Ciamar a chi sinn seo a-rithist anns an t-sealladh seo?

## Sealladh 38A:

30:03 - 30:17 mionaidean

## Seallaidhean 38B - 38C:

30:25 - 31:28 mionaidean



### Camara/Characteran/Beachdachadh

- a. Saoil dè tha an sealladh beag seo a' samhlachadh?

### Structar/Beachdachadh/Ceòl

- a. Beachdaich air na tha an ais-shealladh seo ag innse dhuinn mu Thormod.

## Sealladh 39: Aig an deireadh



### Cuspair/Caractaran/Beachdachadh

#### a. Bannan – Ceanglaichean

Tha thu air a' chiad phrògram san t-sreath fhaicinn. Inns, nad bheachd-sa, dè cho freagarrach 's a tha an tiotal mar ainm agus carson.

### Caractaran/Beachdachadh

- b. Cò, nad bheachd-sa, na prìomh caractaran anns a' phrògram seo? Dèan liosta (ann an òrdugh) de na prìomh shia agus bi deiseil gus innse carson a thagh thu an fheadhainn seo.
- c. Nad bheachd-sa cò na cleasaichean as motha
- (i) a tha soirbheachail ann a bhith a' cluich caractar a tha inntinneach agus creidsinneach?
  - (ii) ris a bheil thu a' dèanamh ceangal? Inns carson.

## Bannan: Prògram 2 - Stiùireadh



Ma bhios tu fhathast ann nuair dh'èireas  
a' ghrian,  
Thèid sinn còmhla 's streapaidh sinn na  
stùcan àrd',  
gu socair coiseachd fad mhiltean air an  
tràigh,  
ach bheir tim oirnn a bhuidh  
Is seinnidh an eala dhuinn a dàn

Tha ùine ann an taistal a thoirt gu crìch,  
ar slighe gu ar dachaigh shàbhailt' chiùin,  
Ùine airson seasamh, son coimhead mun  
cuairt,  
Gun adhbhar a bhith ciontach mu ghnìomh  
no facal, mu àm a tha air chall



## Ro-ràdh



'S e sgil chudromach a th' ann a bhith comasach air geàrr-chunntas a dhèanamh. Gu dearbh, tha aig sgoilearan ri geàrr-chunntasan a dhèanamh ann an deuchainnean aig Ìre Nàiseanta a Còig agus aig an Àrd Ìre.

1. Coimhead air a' phrògram seo an toiseach.
2. Coimhead a-rithist air na pìosan a leanas den phrògram agus cuideachd air sgrìobt Prògram a Dhà.

## Na diofar sheallaidhean ann am prògram a dhà:

1. Aig an taigh  
0:45 - 2:16  
(Sealladh 1-2)

2. Aig a' phort-  
adhair  
2:17 - 3:26  
(Sealladh 3)

3. Anns a' chàr  
3:27 - 4:23  
(Sealladh 4)

4. Alasdair  
a' coinneachadh  
ri Peigi  
4:24 - 5:29  
(Sealladh 5)

5. 'Riaghailtean  
Peigi'  
5:30 - 6:43  
(Sealladh 6)

6. Aig taigh  
Donna is  
Fhionnlaigh  
6:44 - 9:37  
(Sealladh 7-9)

7. Aig a' Chladh /  
Air an Tràigh\*  
9:38 - 11:58  
(Sealladh 10-13)

8. Na h-oifigearan-  
poilis a' tadhal  
air Peigi  
11:59 - 13:24  
(Sealladh 14)

9. Aig a' chidhe  
13:25 - 13:59  
(Sealladh 15)

10. Donneil  
a' tadhal  
air an taigh  
14:00 - 15:03  
(Sealladh 16)

11. Anns a' chàr  
taobh a-muigh an  
talla  
16:03 - 17:01  
(Sealladh 19)

12. Tormod aig muir  
15:04 - ...  
(Sealladh 17-18,  
20, 21A, 22A, 23)

13. Aig a' chèilidh  
- 21:12  
(Sealladh 21,  
22, 22B, 24)...

14. Aig an ospadal  
21:13 - 23:42  
(Sealladh 25-26)

15. Tormod  
a'cuimhneachadh  
air ais  
23:43 - 24:44  
(Sealladh 26A)

16. Aig  
a' phort-  
adhair  
a-rithist  
24:45 - 25:45  
(Sealladh 27)

17. Aig taigh Peigi  
25:46 - 26:22  
(Sealladh 28)

18. Aig taigh Donna  
is Fhionnlaigh  
a-rithist  
26:23 - 27:01  
(Sealladh 29-30)

19. Màiri agus  
Donneil còmhla  
ri chèile  
7:16 - 28:55  
(Sealladh 31)

20. Air ais aig  
taigh Peigi  
29:09 - 30:10  
(Sealladh 32)

### 3. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair anns gach pìos.

Anns gach geàrr-chunntas, feuch gun cuimhnich thu air na puingean a leanas:

- i. **Ainmich** na rudan as cudromaiche a thachair anns a' phlota
- ii. **Beachdaich** air na dh'ionnsaich sinn mu na caractaran
- iii. **Beachdaich air** na faireachdainnean a tha ag èirigh às a' phios
- iv. **Dèan sgrùdadh** air mar a chuir sgilean teicnigeach ris a' phios (a leithid obair-camara, cleasachd, ceòl, taghadh-facail...)
- v. **Cleachd fianais** às a' phrògram a chuireas taic ris na puingean/beachdan agad

Cleachd an eisimpleir air duilleag 21 airson do chuideachadh.

Tha clàr air duilleag 22 airson taic a thoirt dhut cuideachd.

## Sealladh 1: Aig an taigh - Eisimpleir



- Tha Màiri agus a seanmhair aig an taigh. Tha Peigi cho toilichte gu bheil Anna anns an taigh agus tha i gu mòr airson ùine a chur seachad còmhla ri Anna: Coimheadaidh mi fhìn às dèidh na tè bige.
- Chì sinn nach eil eòlas aig Màiri air dòighean an eilein (nuair a tha i a' gearradh an èisg). Tha Peigi a' moladh Tormod dha Màiri Cha toireadh Tormod dhuinn ach an rud a b' fheàrr. Tha i airson gum bi rèite eadar Màiri agus Tormod.
- Tha Donna a' sealltainn taigh Peigi dha estate-agent. Chan fhaigheadh iad mòran airgid airson an taighe. Tha strì eadar Donna agus Fionnlagh a thaobh seo: Thuir mi riut nach reiceadh e' (Fionnlagh) Bheil beachd nas fheàrr agad – neo beachd sam bith! (Donna) Tha an taghadh-facaill seo a' sealltainn dhuinn mar a tha Donna a' cur sìos gu mòr air an duine aice.
- Tha e soilleir gu bheil gràin aig Donna air Màiri: A bheil agadsa idir ri Alasdair a thogail bhon phort-adhair? Tha Màiri glic agus faiceallach na freagairt agus a' faighinn làmh-an-uachdair air Donna.



A bheil a h-uile càil a chaidh iarraidh anns a' gheàrr-chunntas gu h-àrd?

## Clàr airson obair air prògram 2



**i.** na rudan as cudromaiche a thachair anns a' phlota



**ii.** na dh'ionnsaich sinn mu na caractaran



**iii.** na faireachdainnean a tha ag èirigh às a' phìos



**iv.** mar a chuir sgilean teicnigeach ris a' phìos



**v.** fianais a chuireas taic ris na puingean/beachdan gu h-àrd

## Bannan: Prògram 3 - Stiùireadh

Coimhead air an treas prògram anns an t-sreath. Chì sinn gu bheil mòran bhannan a' togail ceann anns a' phrògram seo agus chì sinn mar a tha briseadh agus neartachadh anna.

Coimhead air a' phrògram seo a-rithist. Fhad 's a tha thu ga choimhead, gabh notaichean mu na prìomh bhannan a chì thu eadar:

- Màiri agus Tormod
- Màiri agus Alasdair
- Donna, Fionnlagh agus Iain
- Màiri agus Peigi
- Màiri agus Donneil
- Donneil agus Alasdair
- Iain agus Tormod (faic an eisimpleir gu h-ìseal)

Tha eisimpleir an seo air mar a dh'fhaodadh tu seo a dhèanamh mu na bannan eadar Iain agus Tormod. Chì thu gu bheil **fiosrachadh**, **beachdan**, **sgrùdadh** agus **fianais** innte.

## Bannan: Iain agus Tormod

12:27 - 13:15 (Sealladh 12)



- Tha Iain a' gearan ri Tormod mu a phàrantan (tha iad coma mu dheidhinn/chan eil càil cudromach dhaibh ach an taigh). Cha bhi e ann fada.
- Chan eil Tormod ach ag èisteachd an toiseach, ach tha comhairle shimplidh aige dha: Gabh dhachaigh, Iain.
- Chan eil Iain a' gabhail ri seo agus tha Tormod a' toirt freagairt nas làidire dha Iain: Na caill an ceangal le d' athair is do mhàthair, mus tig aithreachas ort. Tha uiread de neart na ghuth 's gu bheil e a' cur stad air Iain.
- Tha e soilleir gu bheil Tormod a' smaoinichadh air na thachair eadar e fhèin is Màiri agus nach eil e ag iarraidh gun tachair an aon rud eadar Iain is a phàrantan. Tha Iain a' tuigsinn carson a tha Tormod cho làidir na bheachd agus tha e a' toirt buaidh air.

# Bannan: Agallamhan

Fosgail duilleag-dachaigh Bannan air làrach-lìn a' BhBC:  
<http://www.bbc.co.uk/programmes/b06fp6cc>



Debbie NicAoidh



Dòmhnall Eòghainn  
MacFhionghain



Ali MacIlleinn



Alastair MacAoidh



Iain MacRath



Tony Kearney

1. Cò an caractar/na caractaran a b' fheàrr a chòrd riut anns na trì prògraman?
2. (i) Tagh dithis no trìùir de na cleasaichean agus èist ris na bh' aca ri ràdh. Gabh notaichean fhad 's a bhios tu ag èisteachd riutha.  
(ii) Sgrìobh gearr-chunntas air na prìomh rudan a thuirt gach cleasaiche.

# Bannan: Sgrùdadh Litreachais

Bidh aig sgoilearan a tha a' dèanamh cùrsa Gàidhlig aig Ìre Nàiseanta a Còig agus aig an Àrd Ìre ri aiste litreachais a dhèanamh anns an deuchainn aig deireadh na bliadhna-sgoile. A bharrachd air bàrdachd, sgeulachd ghoirid, nobhail agus eile, bidh cothrom aca sgrùdadh a dhèanamh air prògram Gàidhlig, a leithid Bannan.

'S e sreath-pileat a bh' anns a' chiad trì prògraman de Bhannan. Chaidh an cruthachadh gu bhith mar fhilm, le toiseach agus deireadh. Bhiodh e mar sin gu math freagarrach sgrùdadh a dhèanamh orra.

Chithear gu h-ìseal eisimpleirean de cheistean a tha air nochdadh anns an deuchainn mu dheireadh aig Ìre Nàiseanta a Còig agus an Àrd Ìre.

## Ìre Nàiseanta a Còig

Inns mu fhilm no mu phrògram Gàidhlig a thug buaidh mhòr ort. Beachdaich air plot, caractaran, suidheachadh no rud sam bith eile a tha freagarrach.

Tagh prògram no film Gàidhlig a chòrd riut gu mòr. Inns dè rinn e cho soirbheachail.

Tha iomadh prògram tarraingeach ri fhaicinn air BBC Alba. Inns mun fhilm no mun phrògram Ghàidhlig a bu mhotha a chòrd riut anns a' bhliadhna a dh'fhalbh. Carson a bha e cho tarraingeach dhut?

## Àrd Ìre

Tagh film no prògram dràma anns an do nochd cuspair/cuspairean a tha cudromach ann an saoghal an latha an-diugh. Seall mar a nochd na cuspairean seo agus mìnich mar a tha iad a' buntainn ris an t-saoghal anns a bheil sinn beò.

Tagh film no prògram dràma anns a bheil caractar a tha an dà chuid annasach agus cudromach. Seall dè an t-àite a th' aig a' charactar agus mar a chuir e/ i ri soirbheachadh an fhilm/ a' phrògram.

Tagh film no prògram dràma anns an robh tachartas sònraichte. Seall cho cudromach 's a bha an tachartas a thaobh plot, caractar agus cuspair, ag innse mar a thug iad seo buaidh ort.

Chithear gun àbhaist do cheistean aig Ìre Nàiseanta a Còig a bhith fosgailte, ach gum bi ceistean aig an Àrd Ìre a' sireadh sgrùdadh nas mionaidiche. A dh'aindeoin seo, feumar cuimhneachadh gu bheil cuspairean, caractaran, tachartasan agus a leithid uile an eisimeil a chèile agus gum bi taghadh aig an Àrd Ìre eadar dà cheist.

Tha e deatamach gum bi thu air aiste a tha ag amas air an deuchainn ullachadh anns a' chlas, ach gum bi thu cuideachd air chomas an aiste sin atharrachadh a rèir na ceist a bhios romhad san deuchainn.

### Sgrùdadh Litreachais: Stiùireadh

Seo na rudan as cudromaiche a bu chòir a bhith nad inntinn nuair a bhios tu ag obair air aiste a tha a' sgrùdadh prògram Gàidhlig:

- Bidh faisg air ceathrad mionaid agad anns an deuchainn gus sgrùdadh litreachais a dhèanamh. Cuimhnich air seo nuair a bhios tu a' dèanamh deiseil sa chlas. Feumaidh tu amas air nas urrainn dhut a sgrìobhadh anns an ùine seo. Cuimhnich nach eil mòran tìde agad: tagh na rudan as cudromaiche/as inntinniche a tha anns a' phrògram agus dlochuimhnich an còrr – cha tèid agad ach air sgrùdadh a dhèanamh air rudan sònraichte.
- Feumaidh tu a' cheist a tha air a cur romhad anns an deuchainn a fhreagairt.
- Feuch gun dèan thu soilleir nad sgrìobhadh gun do chòrd am prògram Gàidhlig riut.

- Dèan sgrùdadh air adhbhar, cuspairean mòra agus teachdaireachd a' phrògram. Feuch nach bi thu ach ag innse na sgeulachd – feumaidh tu an sgeulachd a sgrùdadh.

- Seall mar a thug sgilean teicnigeach togail dhan phrògram (leithid prìomh sheallaidhean, cleasachd, labhairt, camara, fuaime, ceòl, taghadh-facail, tònna...) Feuch gun ainmich thu na sgilean teicnigeach seo anns an aiste agad.

- Cleachd fianais fhreagarrach às a' phrògram anns an aiste agad. Bu chòir dhut fianais a chleachdadh gu tric gus taic a thoirt dhan sgrùdadh agad, ach cùm goirid gach pìos fianais (na cleachd ach na faclan as cudromaiche).

- Cleachd structar ciallach anns an aiste – mar a chì thu air an ath dhuilleig.

- Cleachd deagh Ghàidhlig a leigeas leat sgrùdadh soilleir a dhèanamh.

# Sgrùdadh Litreachais: Plana

Seo plana a dh'fhaodadh tu a chleachdadh airson deagh structar a thoirt dhan aiste agad:

## 1. Ro-ràdh:

Inns, le iomradh air a' cheist, dè tha thu a' dol a dhèanamh anns an aiste

## 2. Prìomh fhiosrachadh:

Cò rinn am prògram? Cuin? Dè an t-adhbhar/an t-amas a bha aig luchd-cruthachaidh a' phrògram? Càit an deach fhilmadh? Dèan geàrr-chunntas beag air suidheachadh, prìomh charactaran agus plot a' phrògram.

**Ceist na h-aiste:**  
Tagh prògram no film Gàidhlig a chòrd riut gu mòr. Inns dè rinn e cho soirbheachail!

## 3. Prìomh Chuspair (mar eisimpleir Dachaigh)

Seall, le fianais, mar a nochd am prìomh chuspair tro shuidheachadh (an t-eilean agus am baile mòr), caractaran (Màiri) agus plot a' phrògram.

Seall, le fianais, mar a chaidh an cuspair seo a neartachadh le sgilean teicnigeach (leithid camara, ceòl, taghadh-facaill...)

Nad bheachd-sa, dè an teachdaireachd a tha ag èirigh às a' chuspair seo? Seall mar a thug an cuspair/an teachdaireachd buaidh ort.

## 4. Prìomh Chuspair (mar eisimpleir Teaghlach)

Seall, le fianais, mar a tha nochd am prìomh chuspair tro shuidheachadh, caractaran (me Màiri agus a h-athair) agus plot a' phrògram.

Seall, le fianais, mar a chaidh an cuspair seo a neartachadh le sgilean teicnigeach (leithid camara, ceòl, taghadh-facaill...) Nad bheachd-sa, dè an teachdaireachd a tha ag èirigh às a' chuspair seo? Seall mar a thug an cuspair/an teachdaireachd buaidh ort.

## 5. Co-dhùnadh:

Thoir d' aiste gu crìch, a' sealltainn gu bheil thu air a' cheist a fhreagairt.



Cuimhnich nach eil an seo ach eisimpleir. Dh'fhaodadh tu trì cuspairean a sgrùdadh ach gun a bhith a' bualadh orra aig ìre cho domhainn. Cha leigeadh tu a leas ach aon chuspair a sgrùdadh, ach dh'fheumadh tu beachdachadh air aig ìre gu math domhainn.